

**1Dreach Geàrr-chunntas de choinneamh Bòrd Stiùiridh an t-Sabhail Mhòir a chaidh a cumail air Dihaoine 6 Màrt aig Sabhal Mòr Ostaig aig 1.30f**

<b>BUILL:</b>	Ruaraidh Iain MacLeòid (Cathraiche) Sinne Ghilleasbuig Art MacCarraig Aonghas MacCumhais (fòn)	Aonghas MacLeòid (VC) Iain Moireasdan Aideen Ni Mhaille
<b>AN LÀTHAIR:</b>	Iain Gòrdan (bho 2.35 gu 3.05) Hannah McKirdy Christa NicAonghais Cairistiona NicCoinnich Iain Tormod MacLeòid	Dòmhnall Angaidh MacIlinnein Shona NicIlinnein Boyd Robasdan Donnie Rothach  Tim Armstrong (bho 2.15 gu 3.10) Conchúr O Giollagáin (bho 2.15 gu 3.10)
<b>LEISGEULAN:</b>	Catriona Dunn Sheila Hamilton Sandy Jones	Dùghall MacAmhlaigh Maire Ni Annrachain Cairistiona Walker

**PUING**

**GNÌOMH**

**1 FÀILTE**

- 1.1 Chuir an Cathraiche fàilte air na buill agus na bha an làthair, gu h-àraid air Sìne a bha a' frithealadh a chiad choinneimh aice.

Chuireadh dùrachdan gu Maire agus Catriona, nach robh air a bhith gu math o chionn ghoirid.

Chuireadh an cèill co-fhaireachdainn do Sheila, air bàs a màthair-cèile, agus Dòmhnall Iain Caimbeul (neach-gleidhidh) air bàs a bhràthair.

Dh'ainmich an Cathraiche gu robh a Cholaiste air duais airson *"Sgoil Cheilteach na Ionad Ionnsachaidh as Fheàrr"* anns na duaisean aig *Celtic Family Magazine* (iris Ameireaganach) a bhuannachadh. 'S e an luchd-leughaidh a bhios a' taghadh nan duaisean.

Dh'ainmeachadh cuideachd gu robh SMO air an dara duais ann an co-fharpais airson làrach-lìn cholaistean a bhuannachadh aig cuirm air a chuir air dòigh le *Colleges Development Scotland* ann an Dun Èideann air an t-seachdain-sa chaidh. Bha Ruaraidh Iain, Aideen agus Boyd air a bhith an làthair, maille ri Mick MacNèill, Manaidsear Margaideachd. Chaidh meal-a-naidheachd a chuir air Mick.

Thugadh fa-near teachdaireachd bho Mhaire, a' cur meal-a-naidheachd air luchd-rannsachaidh na Colaiste airson toraidhean an REF (Research Excellence Framework).

## 2 GEÀRR-CHUNNTASAN

- 2.1 **CU14-04 (28/11/14):** Chaidh an geàrr-chunntas aontachadh.
- 2.2 **Comataidh Corporra (28/11/2014):** Thugadh fa-near an geàrr-chunntas.
- 2.3 **Comataidh Foghlaim is Rannsachaidh(28/11/2014):** Thugadh fa-near an geàrr-chunntas.
- 2.4 **Gnothaichean ag Èirigh:**

6.1 (i) Ainm an Togalaich Ùr: Mhìnich an Cathraiche gu robhas air aontachadh atharrachadh a dhèanamh air ainm an togalaich ùr. Ged bhathas air aontachadh aig a' choinneamh mu dheireadh gur e *Àrainn Iain Noble* a bhiodh air an togalach, às dèidh barrachd meòrachaidh, bhathas air aontachadh, le conaltradh post-dealain a measg buill a Bhùird, gur e *Ionad Iain Nobail* a b' fheàrr.

3.1 Ballrachd: Chaidh aontachadh gabhail ris a mholadh bho Choinneamh na Comataidh Chorporra gu'm bu choir cuireadh a thoirt do dh'Alasdair MacLeòid a bhith na bhall de'n Bhòrd.

RIM

8.3 Stiùiriche an Ionmhais agus Young Films: Bha Ruairidh Iain air meòrachan-tuigse a chuir gu Iain agus bhathas a' feitheamh air freagairt bhuaithe san. Gheibheadh leth-bhreac dhen mheòrachan a sgaoileadh gu buill a Bhùird.

RIM

## 3 BALLRACHD

- 3.1 **Dleastanasan Buill a' Bhùird:** Chaidh aontachadh leis na h-atharrachaidhean do dhleastanasan a' Bhùird le moladh gum bu choir a dhèanamh soilleir gu bheil buill a Bhùird cuideachd bho dhleastanasan mar urrasairean carthannais a-rèir lagh charthannais. Chaidh gabhail ris na molaidhean bhon Chomataidh Corporra a thaobh am Prionnsapal a bhith na làn bhall den Bhòrd *ex officio* agus riochdaire an luchd-obrach a bhith na làn bhall cuideachd. Bha deasbad ann a thaobh oileanaich a bhith nam buill slàn agus chaidh aontachadh gum bu chòir bruidhinn ri Comann nan Oileanach gus beachdan nan oileanach fhaighinn agus pàipear a thoirt air adhart don Chomataidh Chorporra. Thubhairt Hannah nach robh ise airson dleastanasan mar làn bhall a ghabhail os làimh agus nach robh Ceann-suidhe aig Comann nan Oileanach am bliadhna. Cha robh neach sam bith airson an dreuchd a ghabhail agus bha i den bheachd nach tigeadh atharrachadh air a sin an ath bhliadhna. Chaidh a mholadh gum biodh e aithnichte anns a' phàipear gur e Gàidhlig canan obrach a' Bhùird is na Colaiste air fad.
- 3.2 **Ball Ùr:** Chaidh aontachadh gum bi Sìne Ghilleasbuig na ball den Bhòrd Stiùiridh agus na ball den Chomataidh Foghlaim is Rannsachaidh.

SNI

## 4 ÙIDHEAN

4.1 **Ùidhean:** Cha do nochd ùidhean.

## 5 AITHISG A' PHRIONNSAPAIL

5.1 **Aithisg a' Phrionnsapail:** Thugadh fa-near aithisg a' Phrionnsapail.

## 6 TAISBEANADH/DEASBAD

6.1 **A' Chill Bheag**

**(i) Taigheadas, Leasachadh agus a' Cruthachadh Coimhearsnachd Ghàidhlig Ùr : Taisbeanadh le Conchúr O Giollaigáin agus Tim Armstrong**

Thug Tim agus Conchúr seachad taisbeanadh air na cothroman agus na cunnartan a dh' fhaodadh a bhith an lùib a' bhith feuchainn ri coimhearsnachd Gàidhlig a chruthachadh sa Chill Bheag. Thug iad iomradh air eisimpleirean ann an Èireann a Tuath agus Poblachd na h-Èireann agus mar a chaidh leotha-san.

Thugadh fa-near gum feumar a bhith mothachail mu laghan a thaobh chòraichean daonna agus mu phoileasaidhean ionadail ann a bhith leigeil thaighean air mhàl.

Chaidh aontachadh buidheann beag (buill bhon Bhòrd, Tim agus Conchur ) a chur air chois gus beachdachadh air a' chuspair agus gnothaichean a thoirt air adhart. Thugadh fa-near gum biodh comhairle laghail a dhìth cuideachd.

Thugadh taing do Tim agus do Chonchúr airson an taisbeanadh aca.

**(ii) Aithisg Mhìosail:** Thugadh fa-near aithisg mhìosail bho Dhony MacFhionghain. Thug Dòmhnall Angaidh iomradh air cùisean a thaobh còmhach an togalaich; cha deach a chur air gu ceart agus chaidh a mhilleadh le droch shìde. Tha Robertsons air uallach a ghabhail airson a chur ceart ged-tà agus cha bhi cosgaisean a bharrachd air a' Cholaiste. Thubhairt an Cathraiche gu robh buill a Bhùird air a bhith uamhasach toilichte le coltas an togalaich na bhroinn, agus iad air a bhith air fheadh sa mhadainn.

**(iii) Aithisg air Cosgaisean Togalaich:** Thugadh fa-near an aithisg.

**(iv) Aithisg Cosgaisean Bun-structair:** Thugadh fa-near an aithisg.

6.2 **OGE**

**(i) Colaiste Inbhir Nis:** Thugadh fa-near an t-iomradh ann an aithisg a' Phrionnsapail mu choinneamh de chathraichean agus de phrionnsapalan gach

BR

colaiste ann an Inbhir Nis air 16 Gearran mu aonadh ann an modh-riaghlaidh eadar Cùirt na h-Oilthigh agus Bòrd Colaiste Inbhir Nis.

- 6.3 **Aonta Thoraidhean:** Thugadh fa-near an dreach den Aonta Thoraidhean le Comhairle Maoinachaidh na h-Alba.

Thèid coinneamh a chumail air 8 Cèitean eadar a' Cholaiste agus CMA airson beachdachadh air ro-innleachd.

## 7 FOGHLAM AGUS RANNSACHADH

- 7.1 **Aithisg Stiùiriche an Fhoghlaim:** Thugadh fa-near aithisg Stiùiriche an Fhoghlaim.

## 8 IONMHAS AGUS RIANACHD

- 8.1 **Riaghailtean Ionmhais:** Chaidh aontachadh ri na h-atharrachaidhean ri na riaghailtean ionmhais. Bhathas air gabhail riutha le Comataidh an Ionmhais is na h-Oighreachd roimhe.

- 8.2 **Còd Deagh-ghnè Riaghlaidh:** Bha seo a nis air a bhith air aontachadh leis a h-uile comataidh ach a' Chomataidh Foghlaim is Rannsachaidh a-mhàin. Seach nach robh a chomataidh sin air coinneachadh an diugh, le gainnead bhall an làthair, thèid seo air am beulaibh aig an ath choinneamh aca agus, thig e air ais chun a Bhòrd aig an ath choinneimh.

- 8.3 **Poileasaidh Obair Leat Fhèin:** Chaidh aontachadh leis a' phoileasaidh.

- 8.4 **Clàr-chunnartan:** Thugadh fa-near an dreach as ùire den chlàr-chunnartan. Tha cinn-la a-nis air an cur mu choinneimh nam puingean gnìomh.

## 9 LEASACHADH, NA H-EALAIN AGUS PRÒISEACTAN

- 9.1 **Aithisg an Stiùiriche Leasachaidh:** Thugadh fa-near aithisg an Stiùiriche Leasachaidh.

## 10 GNETHAICHEAN IOMCHADH SAM BITH EILE

- 10.1 **Seòmraichean san Togalach Ùr:** Tha ceithir seòmraichean agus seòmar a' Bhùird san togalach ùr rin ainmeachadh. Chaidh aontachadh gum beachdaich a' Bhuidheann Gnìomh air seo agus thèid na molaidhean a sgaoileadh don Bhòrd airson aonta. Feumar seo a dhèanamh ron ath choinneimh.

SNI

BR

11 CEANN-LÀ NA H-ATH CHOINNEIMH

- 11.1 **Ceann-là na h-Ath Choinneimh:** Thèid an ath choinneamh a chumail air 19 Ògmhios aig Sabhal Mòr.

*Sgaoil a' choinneamh aig 4.00f*

